

A Mhairead nan Cuiread

Tha mulad, tha mulad
Tha lionn-dubh orm fhèin

Hì rì hoireann ò, hì rì hoireann ò

Tha de mHINGIN air m' aire
Nì nach aidich mo bheul

Hì rì rì rì o ho, ro ho hì hoireann ò

M' an òganach ghasta
Ùr-mharcach nan steud

M' an taca seo 'n uiridh
Bu thoil leat m' fHURAN ro cheud

Cha mhò ort mi 'm bliadhna
Na eunlaith nan speur

Chan inns mi dham phiuthair
Meud mo chumh' às do dhèidh

Na dham mhàthair a rug mi
Chuir mi cudthrom na ceum

Tha sac trom air mo chridhe
Nach tog fìdheall nan teud

Ach a Mhairead nan cuiread
'S dàn a chuir tha arm breug

Thilg thu orm-sa mar aileis
Nach b' uilear dhomh 'm brèid

Gu robh leanabh am pasgadh
Fo asna mo chlàibh

Cuim' nach innseadh tu 'n fhìrinn
Mar a dh' innsinn ort fhèin

Ann an làthair mo thighearna
Far am bithinn 's tu rèidh

O wily Margaret

*Sadness, sadness
Deep melancholy is mine*

Hì rì hoireann ò, hì rì hoireann ò

*There's much despair on my mind
That my mouth won't confess*

Hì rì rì rì o ho, roho hì hoireann ò

*About the fine youth
Young rider of the steeds*

*Around this time last year
You preferred my greeting to a
hundred*

*This year you have less regard for me
Than the birds of the air*

*I won't tell my sister
How much I mourn you*

*Or my mother who bore me
I made her step heavy*

*There is a heavy load on my heart
That no stringed fiddle will lift*

*But wily Margaret
Boldly you lied about me*

*You cast up to me in slander
That I needed a snood*

*That there was a child
Hidden behind my ribcage*

*Why wouldn't you tell the truth
As I would about you?*

*In the presence of my Lord
Where you and I would be on equal
terms*

Thilg thu orm-sa mar dhearrais
Gu robh m' athair an èis

Cha b' ionnan dham athair
'S dha d' athair-sa fhèin

Cha b' ionnan dhan taighean
'N àm laighe don ghrèin

'S ann a gheibhte 'n taigh d' athar-s'
Cinn is cnàmhan an èisg

'S ann a gheibhte 'n taigh m' athar-s'
Cinn is casan an fhèidh

*You cast up to me, for spite
That my father was poor.*

*My father was different
From your father*

*And their houses were different
At the time of sun setting*

*In your father's house
Heads and bones of fish were to be
found*

*In my father's house
Heads and feet of deer were to be
found*